

Aithisg Co-ionannachdan 2017-21 agus Plana 2021-24

Aithisg air Builean 2017-2021

Buil 1

Bidh Bòrd na Gàidhlig gu cunbhalach a' coimiseanadh rannsachadh a tha ag amalachadh bhuilean co-cheangailte ri co-ionannachdan-far a bheil sin iomchaidh.

Chomharraich obair le inbhich a bha ag ionnsachadh na Gàidhlig gun robh 6% de luchd-ionnsachaidh gam meas fhèin ciorramach. A' cleachdadh obair a chaidh a choimiseanadh leis an EHRC, tha an ceudad de dh'inbhich a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig a bha gam meas fhèin ciorramach beagan nas àirde na an ceudad san fharsaingeachd de luchd-ionnsachaidh inbheach le ciorram ann an Alba, ged a bha seo beagan na b' ìsle na an àireamh nàiseanta den fheadhainn a bha gam meas fhèin ciorramach san àireamh-sluaigh coitcheann ann an Alba, a bha air aithris mar 20% ann an Cunntas-sluaigh 2011.

Gus dèiligeadh ri co-ionannachd cothruim a chaidh a chomharrachadh airson luchd-ionnsachaidh a bha nan inbhich, tha Buil 1:

Tro ro-innleachd agus cruthachadh poileasaidh, meudaich a' cho-roinn de luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a tha nan inbhich a tha gam meas fhèin mar a bhith le ciorram.

Is e an tomhas a bhios air a chleachdadh airson a bhith a' libhrigeadh na buile seo:

i. An àireamh de luchd-ionnsachaidh a bha nan inbhich a bha gam meas fhèin le ciorram san t-suirbhidh bhliadhnail de luchd-ionnsachaidh a bha nan inbhich

Is e an targaid:

i. Meudachaidhean leantainneach a choileanadh san riochdachadh den fheadhainn a tha gam meas fhèin le ciorram ro dheireadh àm aithrisidh.

An Toradh: Targaid Coileanta

Sheall aithisgean 2018 agus 2019 meudachadh san àireamh a bha gam meas fhèin le ciorram ged a bha toradh 2018 a' nochdadh lùghdachadh bho 2017. San fharsaingeachd bha meudachadh ann tron àm aithrisidh.

Geàrr-iomradh:

Aon phuing cudromach a tha ag èirigh bhon chiad suirbhidh a chaidh a dhèanamh ann an 2014 agus a chaidh a dhèanamh sna suirbhidhean on uair sin is e nach robh daoine a' clàradh ciorram ach a-mhàin an uair a bha iad a' faireachdainn gun robh buaidh aige air an ionnsachadh. Tha na h-àireamhan airson an fheadhainn a tha gam meas fhèin ciorramach beagan nas àirde na a' cheudad Albannach airson feadhainn a tha ciorramach agus a' com-pàirteachadh ann an gnìomh ionnsachaidh, ach fhathast mòran nas ìsle na an riochdachadh san t-sluaigh choitcheann ann an Alba (20%).

Aithisg 2017

Thuit 26 (7%) den 390 luchd-ionnsachaidh a bha gnìomhach san t-seachdain rannsachaidh rinn gun robh iad gam meas fhèin ciorramach. Den chòrr, [dh'fhàg iad às] cha robh iad airson innse.

Aithisg 2018

Thuit 44 (6.1%) den 726 luchd-ionnsachaidh a bha gnìomhach san t-seachdain rannsachaidh rinn gun robh iad gam meas fhèin ciorramach. Den chòrr, 16 (2.2%) cha robh iad airson innse.

Aithisg 2019

Thuit 52 (9.2%) den 567 luchd-ionnsachaidh a bha gnìomhach san t-seachdain rannsachaidh rinn gun robh iad gam meas fhèin ciorramach. Den chòrr, 13 (2.3%) cha robh iad airson innse.

Buil 2

Gus dèiligeadh ris a' chùis a thaobh dìth fiosrachaidh earbsach agus ceart co-cheangailte ri co-ionannachdan, tha an NGLP ag amas air meadhanan ùra a thoirt a-steach gus dèiligeadh ri raon de dh'fhiosrachadh co-cheangailte ri co-ionannachdan bho bhuidhnean a tha a' cur a-steach GLPan. Is e an rùn fiosrachadh a chruinneachadh a chuireas ri poileasaidhean agus ro-innleachdan a dh'adhartachas sa chiad àite co-ionannachd cothruim agus a bhrosnaicheas gnìomhachadh deimhinneach, ged a bhios e cuideachd ag amas air a bhith a' sònrachadh an cleachdadh as fheàrr a dh'fhaodas a bhith air a cho-roinn ri feadhainn eile.

Gus a dhèanamh comasach do Bhòrd na Gàidhlig dèiligeadh gu h-èifeachdach ri gach taobh den PSED, agus a bhith ann an suidheachadh gus sònrachadh agus dèiligeadh ri cùisean co-ionannachd a tha a' beantainn ri feadhainn a tha a' labhairt, a' cleachdadh agus ag ionnsachadh na Gàidhlig tro ro-innleachd san àm ri teachd agus leasachadh poileasaidh, tha Buil 2 airson:

Map a chruthachadh (no liosta co-ionann a rèir àite) de chùisean co-ionannachd a tha a' beantainn ri feadhainn a tha a' labhairt, a' cleachdadh agus ag ionnsachadh na Gàidhlig thar Alba, a dh'fhaodas a bhith air a chleachdadh, gus cur ri builean san àm ri teachd cho math ri ro-innleachdan agus poileasaidhean corporra.

Is iad na tomhasan a bhios air an cleachdadh gus sùil a chumail air lìbhrigeadh na buile seo:

- i. An àireamh de thagraidhean cho-ionannachd a tha an lùib nan GLPan;
- ii. Suidheachadh cruinn-eòlach an fhiosrachaidh a chaidh fhaighinn.

Tha na targaidean airson:

- i. Reata tillidh bliadhna de 80% fhaighinn airson tagraidhean co-ionannachd an cois fiosrachaidhean GLP bho ùghdarrasan poblach mu dheireadh an ama aithrisidh;
- ii. Glacadh no cruinneachadh fiosrachadh mu chùisean co-cheangailte ris a' Ghàidhlig a thaobh solair seirbheis airson co-dhiù 50% de raointean ùghdarras ionadail mu dheireadh an àma aithrisidh.

Toradh: Targaid Coileanta Staitistigs airson 2019-2021

San àm aithrisidh seo, fhuair sinn 75% agus 89.1%, (gu cuibhiseach 82% sa bhliadhna) fiosrachadh bho bhuidhnean poblach aig an robh planaichean Gàidhlig ann an 2019-2020 agus 2010-2021 fa leth a thaobh co-ionannachd cothruim ann an Leasachadh na Gàidhlig.

Aig an àm a tha an làthair tha 93.8% de dh'ùghdarrasan Ionadail an sàs sa phròiseas Plana Gàidhlig. Aig an àm a tha an làthair tha 24 ùghdarras ionadail ann aig a bheil planaichean Gàidhlig aontaichte, 4 ùghdarrasan ionadail a' chiad eagraan aontaichte agus 2 LA ag ullachadh a' chiad eagraan.

Tha 83% de na h-ùghdarrasan ionadail le Planaichean Gàidhlig aontaichte air fiosrachadh a thilleadh gu Bòrd na Gàidhlig tron bhileag aithisg sgrùdaidh bliadhna den Phlana Gàidhlig a thaobh co-ionannachdan agus a' Ghàidhlig. Tha sinn a' feitheamh ri dàta bho na 4 comhairlean eile a tha an sàs sa phròiseas ann an 2021-22. Gheibh sinn dàta bho na 6 comhairlean eile ann an 2021-22/2022-23 an dèidh dha na planaichean aca a bhith air an aontachadh agus a thòisicheas na dleastanasan aithrisidh aca fo earrann 6 de Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Tha am fiosrachadh a chaidh fhaighinn a’ dèiligeadh ris na raointean cruinn-eòlais a leanas a rèir ùghdarras ionadail;

Comhairle nan Eilean Siar

Comhairle na Gàidhealtachd / Highland Council

Comhairle Mhoireabh / Moray Council

Comhairle Siorrachd Obar Dheathain / Aberdeenshire Council

Comhairle Baile Obar Dheathain / City of Aberdeen Council

Comhairle Sruighlea / Stirling Council

Comhairle Fìobha / Fife Council

Comhairle Inbhir Chluaidh / Inverclyde Council

Comhairle Rinn Friù / Renfrewshire Council

Comhairle Rinn Friù an Ear / East Renfrewshire Council

Comhairle Baile Ghlaschu / Glasgow City Council

Comhairle Baile Dhùn Èideann / Edinburgh City Council

Comhairle Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Iar / Dunbartonshire Council

Comhairle Siorrachd Àir an Ear / East Ayrshire Council

Comhairle Baile Dhùn Dè / Dundee City Council

Comhairle Aonghais / Angus Council

Comhairle Dhùn Phrìs is Gall-Ghaidhealaibh / Dumfries and Galloway Council

Comhairle Pheairt is Ceann Rois / Perth and Kinross Council

Comhairle Siorrachd Àir a Deas / South Ayrshire Council

Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath / North Lanarkshire Council

Sna bliadhnaichean aithrisidh sin, fhuair sinn fiosrachadh mu cho-ionannachdan agus leasachadh na Gàidhlig bho àireamh mhòr de dh’ùghdarrasan poblach nàiseanta a tha air fiosrachadh a thoirt sa cho-theacsa nàiseanta.

Co-ionannachd cothruim – Eisimpleirean

- **Comhairle Baile Dhùn Èideann 2021-21** – Is e am prìomh dhùbhlán a tha air a bhith ann a bhith a’ daingneachadh comas teagaisg, gus dèanamh cinnteach gu bheil FMG ri fhaotainn thairis air speactram ionnsachaidh cho farsaing ’s a ghabhas. Mar a chaidh ainmeachadh roimhe, tha sinn air ro-innleachd fastaidh a leasachadh gus cuideachadh ann a bhith a’ dèiligeadh ri seo.

Poileasaidh, modhan-obrach no tomhasan

- **Comhairle Baile Dhùn Èideann 2020-21** - Bha buidhnean Guthan Sgoilear air an cur air chois aig TnP san Lùnastal '19, le fòcas air raon de chuspairean, a’ gabhail a-steach cànan agus cultar. Bha an t-adhartas agus an soirbheachas air an dubhadh às mar thoradh air COVID. Tha planaichean ann na buidhnean sin ath-stèidheachadh air an t-seisean seo, a’ cleachdadh modh-obrach caran eadar-dhealaichte. Bidh buidheann Co-ionannachdan ann cuideachd, a bhios a rèir nan tùs-amasan làithreach aig ìre ùghdarras ionadail agus aig ìre nàiseanta.
- **Comhairle Baile Obar Dheathain 2020-21** – Tha Comhairle Baile Obar Dheathain air aontachadh ri Aithisg Builean Co-ionannachd agus Prìomh Shruth 21-25 a tha a’ cur cudrom air dealas na Comhairle ann a bhith a’ toirt taic do na rùintean agus amasan sa [Phlana Nàiseanta na Gàidhlig](#) agus [Achd na Gàidhlig \(Alba\) 2005](#).

A' buileachadh tomhasan sònraichte

- **Comhairle Baile Dhùn Èideann 2020-21**- A thuilleadh air ar fòcas ann a bhith a' dùnadh a' bheàrn buileachaidh, bidh an luchd-obrach a' dèanamh a h-uile oidhirp gus sgoilearan a ghabhail a-steach bho gach cùl-raon ann an gnìomhan taobh a-muigh a' churraicealaim. Bidh ro-innleachdan a' gabhail a-steach buidseatadh gus leigeil le sgoilearan bho chùl-raointean le beag theachd-a-steach com-pàirteachadh ann an cuairtean aig cosgais lùghdaichte, no an-asgaidh. Tha seo air a bhith cudromach ann a bhith a' leigeil le sgoilearan bho shuidheachaidhean eadar-dhealaichte an cothrom a bhith aca an cuid Gàidhlig a chleachdadh ann an àrainn shòisealta, cho math ris a' chlasrum.
- **Comhairle Baile Obar Dheathain 2020-21** – Gus faighinn thairis air a' ghainnead de luchd-obrach FMG Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne agus na dùbhlain a tha an cois a bhith a' fastadh feadhainn a tha fileanta sa Ghàidhlig airson leudachadh ELC, tha ACC air cùrsa trèanadh ùr-ghnàthach a chur ri chèile gus taic a thoirt do luchd-obrach ELC a' Ghàidhlig ionnsachadh gus am bi e comasach taic nas fheàrr a thoirt don t-suidheachadh sgoil-àraich FMG. Leanaidh sinn air adhart a' sanasachadh airson luchd-obrach a tha fileanta sa Ghàidhlig, ach mar nì eadar-amail, tha seo a' leigeil leinn comas a thogail san luchd-obrach a tha againn a-cheana agus obrachadh gus coinneachadh ri feumalachdan an luchd-ionnsachaidh. Tòisichidh an trèanadh seo as t-Earrach 2021.
- **Comhairle Fìobha 2020-21** –Tha sinn air ar plana a leudachadh gus gabhail a-steach nam Buidhnean Oifigeil aig Fad Gàirdein agus le sin, air gach trèanadh agus cothroman a leudachadh. Tha sinn a' leantainn air adhart a' toirt taic don Bhuidheann Com-pàirteachais airson Gàidhlig ann am Fìobha a tha a' leigeil le buidhnean beaga saor-thoileach suidhe aig an aon bhòrd ri buidhnean nàiseanta agus cuideachadh ann a bhith a' stiùireadh na slighe airson na Gàidhlig ann am Fìobha. Tha e-ionnsachadh air a bhith air a leasachadh gus dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig na h-Urrasan air fad agus luchd-obrach FC air bun-sheiseanan trèanadh-aire a thaobh na Gàidhlig. Tha in-sgrùdadh ùr air luchd-obrach aig ìre thràth de leasachadh agus cruinnichidh seo àireamhan nas cinntich mu chleachdadh na Gàidhlig agus ìrean taobh a-staigh FC agus tha sinn an dòchas gum faigh sinn an uair sin air dealbh fhaighinn air cleachdadh na Gàidhlig aig ìre fastaidh.
- **Comhairle nan Eilean Siar 2020-21** - Tha libhrigeadh foghlaim tro e-Sgoil a' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig gach sgoilear sna h-Eileanan air FMG ann an sreath de chuspairean, ge bith càite a bheil iad, cothrom nach robh aig a h-uile duine ron seo
- **Comhairle Inbhir Chluaidh 2020-21** – Clasaichean Gàidhlig Phàrantan -Air an stiùireadh le dithis bhall de luchd-obrach FMG, tha na clasaichean sin air an tabhann do phàrantan aig Whinhill agus thug iad cothrom do phàrantan Gàidhlig a chleachdadh iad aig an taigh ionnsachadh agus gus cuideachadh le obair-sgoile/dachaigh. Bha dol an sàs phàrantan àrd agus chòrd e ri pàrantan/seann-phàrantan a bhith ag ionnsachadh briathrachas ùr agus dòighean gus taic a thoirt don cloinn. Bidh tabhartas air-loidhne de chlasaichean teaghlaich Gàidhlig air a thabhann san àm ri teachd.

Buil 3

Tha am buil mu dheireadh stèidhichte air buil bhon t-seata ron seo agus a' coimhead air adhart ri bhith ag adhartachadh co-ionannachd cothruim. Ged a tha e doirbh a bhith a' faighinn dàta gus fiosrachadh a thoirt mu adhartas, bidh an ath chunntas-sluaigh air a choileanadh ann an 2021 agus mar sin

faodaidh adhartas le ro-innleachd agus cur an sàs poileasaidh a bhith air a mheasadh aig an àm sin. Tha Buil 3 airson:

Meudachadh an riochdachadh den fheadhainn aig a bheil beagan comais sa Ghàidhlig bho bhuidhnean cinnidheach nach eil geal ann an ceàrnaidhean cruinn-eòlach de dh'Alba far a bheil na h-àireamhan aca nas ìsle na tha iad san t-sluagh choitcheann.

Is e an tomhas a thèid a chleachdadh gus sùil a chumail air mar a thèid seo a libhrigeadh:

i. Fiosrachadh bhon chunntas-sluaigh ann an 2021.

Is e an targaid:

- i. Faicinn meudachadh ann an comas sa Ghàidhlig bho bhuidhnean cinnidheach nach eil geal ann an ceàrnaidhean cruinn-eòlach de dh'Alba far a bheil na h-àireamhan aca nas ìsle na tha iad san t-sluagh choitcheann.

Toradh: Fo bhuaidh COVID-19

Mar thoradh air mòr-ghalair COVID, chaidh dàil a chur ann an Cunntas-sluaigh na h-Alba gu 2022 agus mar sin chan eil e comasach fios a thoirt mun bhuil seo.

Mheudaich an àireamh de dh'ùghdarrasan poblach le Plana Gàidhlig.	A' meudachadh tuigse agus mothachadh de dh'iomadachd cànanach agus cultarail; meudachadh ann am planadh agus gnìomhan air an cur an sàs gus in-ghabhaltas agus iomadachd a bhrosnachadh.
Conaltradh le buidhnean iomairt a tha ag adhartachadh iomadachd agus in-ghabhaltas.	Meudachadh san tuigse mun rannsachadh aca, modhan-obrach mu bhith a' meudachadh tuigse agus tar-aiseig eòlais.
Leasaich agus chuir an cèill Plana Gàidhlig Bhòrd na Gàidhlig.	Meudachadh ann an soilleireachd an t-seallaidh, prionnsapalan agus gnìomhan gus dèanamh cinnteach gu bheil am buidheann a' fianaiseachadh gu bheil na modhan-obrach a' toirt taic do iomadachd agus in-ghabhaltas.
Leasaich luachan buidhne a bhios a' gabhail a-steach urram, agus modhan-obrach stèidhichte a bhios a' fighe a-steach ar luachan.	Meudachadh ann an conaltradh mu na luachan urram agus taic, gus taic a thoirt do phrìomh fhiosan mu modhan-giùlain iomchaidh don bhuidheann agus do dhaoine fa-leth.
Leasaich sinn ar ciad Ro-innleachd Dhaoine 2019-2023	Meudachadh ann am planadh gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' dèiligeadh ris an luchd-obrach air fad ann an dòigh co-ionann agus cothromach san ro-innleachd gus ar sgioba a leasachadh
Rianachd Strì agus Sunnd san Àite-obrach	Stiùireadh nas soilleir mun dòigh sa bheil sinn a' toirt taic do luchd-obrach gus cothromachadh a bhith aca a thaobh obair/beatha agus gus dèanamh cinnteach gu bheilear cunbhalach san dòigh a thathar a' dèiligeadh ri daoine thar na buidhne.
Poileasaidh Inbhean Giùlain air a leasachadh agus air a chur an cèill	Stiùireadh nas soilleir air inbhean giùlain ris a bheilear an dùil bho luchd-obrach, riochdairean cunnradairan agus luchd-obrach buidhne Bòrd na Gàidhlig, a tha stèidhichte air luachan na buidhne.
Aithris Pàigheadh foillsichte gach bliadhna (tro ar n-Aithisg Bhliadhnail agus Cunntasan)	Meudachadh ann am follaiseachd mu mar a tha ar poileasaidh pàighidh ag obair.